



Buaidh Ar-a-mach '45 air na Cinnidhean Gàidhealach

Rugadh Teàrlach Eideard Stiùbhart, ris an canar am Prionnsa Bòidheach no an Tagraiche Òg, ann an 1720. B' e **ogha** Rìgh Seumas VII na h-Alba agus II Shasainn a bh' ann, agus bha e a' creidsinn – mar a bha a **luchd-leanmhainn** – gun robh **còir-bhreith** aige air crùn Bhreatainn.

Ann an 1745 sheòl am Prionnsa às an Fhraing, agus thog e a bhratach ann an Gleann Fhionghain, air taobh siar na Gàidhealtachd. Bha e an dòchas **feachd** a thogail agus an Rìgh Seòras II a chur às àite.

Thug mòran de na cinnidhean Gàidhealach taic dha ach bha feadhainn eile na aghaidh, a' taobhadh ris an rìgh Hanobharach.

Bha a' mhòr-chuid de Ghoill na h-Alba agus de Shasannaich na aghaidh, agus cha d' fhuair e mòran taic bho Sheumasaich Shasainn.



An dèidh **iomairt** a mhair ochd mìosan, sgrios am feachd Hanobharach fo Dhiùc Chumberland – mac Rìgh Seòras II – na bha air fhàgail de fheachd nan Seumasach aig Blàr Chùil Lodair. **Dhiùlt** Teàrlach Eideard Stiùbhart **comhairle** nan ceannardan aige fhèin a bha na b' eòlaiche.



Theich Teàrlach Eideard Stiùbhart bhon raon-chatha air Mòinteach Dhruim Athaisidh, theich e à Alba agus thill e dhan Fhraing. Chuir e seachad an còrr de a bheatha mar **fhògarrach**.

Leis mar a **dh'fhaillich** Ar-a-mach 1746, cha d' fhuair na Stiùbhartaich an crùn air ais agus thòisich atharrachaidhean air coimhearsnachdan agus cinnidhean na Gàidhealtachd.



Thug Rìgh Shasainn òrdugh luchd-taic nan Seumasach gu lèir a chur gu bàs. Bha seo a' gabhail a-steach mòran de na cinnidhean air Ghàidhealtachd.

An dèidh seo thàinig na **Fuadaichean** mì-chliùiteach air Ghàidhealtachd nuair a chaidh na bha air fhàgail de na cinnidhean a ruagadh chun nan costaichean, chun na Galltachd no gu tìrean cèin.